



Sanas prìobhaideachd - Liostaichean agus Fiosrachadh Conaltraidh

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta airson diofar adhbharan agus tha na sanasan prìobhaideachd againn a' toirt seachad fiosrachadh air carson a bhios sinn a' faighinn agus a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus mar a bhios sinn ga làimhseachadh.

Mar phàirt den dleastanas againn fon Achd, feumaidh sinn conaltradh a dhèanamh gu cunbhalach ri daoine aig a bheil dleastanas fon Achd no iadsan aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig fhèin, foghlam Gàidhlig no cultar na Gàidhlig.

Tha an sanas prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh an fhiosrachaidh conaltraidh agaibh.

Dè am fiosrachadh a thèid a Chruinneachadh?

Tha liostaichean conaltraidh aig gach roinn ann am Bòrd na Gàidhlig airson adhbharan sònraichte.

Bidh ur n-ainm agus ur seòladh puist-d an lùib an fhiosrachaidh a chruinnicheas sinn airson gach liosta conaltraidh. Ma tha sibh a' riochdachadh buidheann, clàrachaidh sinn a' bhuidheann a tha sibh a' riochdachadh agus, ma tha e buntainneach, ur tiotal-obrach. Dh'fhaodte gun iarr sinn àireamh fòn conaltraidh cuideachd ach cha tèid seo a chlàradh ach a-mhàin ma tha feum sònraichte againn air seo.

Ann an cuid de shuidheachaidhean, ma tha sibh ann an oifis phoblach no a' dèanamh obraichean poblach, dh'fhaodadh gun clàraich agus gun cleachd sinn ur seòladh obrach gus fiosrachadh ann an cruth pàipeir a chur thugaibh.

Cha chuir sinn duine sam bith ris na liostaichean fiosrachaidh ach nuair a tha adhbhar sònraichte ann air a shon.

Thèid seo a mhìneachadh gu h-ìosal.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Fon Achd, tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig gus:

1. Bhrosnachadh agus dèanamh comasach brosnachadh:
 - i. cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus
 - ii. foghlam agus cultar na Gàidhlig,

2. A bhith a' toirt comhairle (an dara cuid nuair a thèid seo iarraidh no nuair a chì e iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha a' toirt seachad dleastanasan poblach air cùisean a' buntainn ri Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig.

3. Comhairle a thoirt (le iarrtas) do dhaoine eile air cùisean ceangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig.

Tha grunn dleastanasan eile aig Bòrd na Gàidhlig fon Achd. Feumaidh iad:

- i. Conaltradh a dhèanamh le ùghdarrasan poblach a thaobh Planaichean Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a-mach fiosan reachdail, a' cumail sùil air toirt gu buil a' phlana, agus ag ath-sgrùdadh Phlanaichean Gàidhlig;
- ii. Stiùireadh a chruthachadh (ann an conaltradh le luchd-ùidh) airson an dà chuid rianachd nam Planaichean Gàidhlig agus solar foghlam na Gàidhlig;
- iii. Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chruthachadh.

Gus gèilleadh ris na dleastanasan reachdail seo, bidh Bòrd na Gàidhlig a' cumail fiosrachadh mun luchd-ùidh agus luchd-conaltraidh. An seòrsa fiosrachadh pearsanta a th' againn:

- Fiosrachadh airson an fheadhainn a tha nan neach-conaltraidh às leth buidheann a tha a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig (mar as àbhaist maoineachadh tro fhear de na sgeamaichean againn). 'S dòcha gun cuir sinn thugaibh fiosrachadh cuideachd a tha, nar beachd, iomchaidh dhan bhuidhinn agaibh, mar eisimpleir nuair a thèid sgeamaichean maoineachaidh fhosgladh airson iarrtasan.
- Com-pàirtichean sna tachartasan no eacarsaichean co-chomhairleachaidh againn.
- Fios mu dhaoine a thug seachad am fiosrachadh pearsanta airson fiosrachadh sanasachd fhaighinn, agus nach eil a' riochdachadh buidheann.

Gus am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh, feumaidh stèidh laghail a bhith aig Bòrd na Gàidhlig. Tha na stèidhean laghail a leanas againn airson a bhith a' cleachdadh fiosrachaidh pearsanta airson adhbharan conaltraidh:

- Aonta – bho àm gu àm cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig aonta far a bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh air a chruinneachadh airson conaltradh sanasachd agus tha seo air a stiùireadh leis an àrd-ùrlar margaidheachd againn.
- Leas a' phobaill – mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha e mar dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig fon Achd a bhith a' leasachadh na Gàidhlig agus thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh airson diofar ghnìomhan a tha deatamach gus seo a dhèanamh, a' gabhail a-steach rianachd airson maoineachadh, a' toirt taic do bhuidhnean ann a bhith a' cruthachadh nam Planaichean Gàidhlig aca, agus a' conaltradh le daoine fa leth agus le buidhnean gus ar n-obair adhartachadh agus gus innse dhaibh mu chothroman co-chomhairleachaidh agus maoineachaidh;
- Adhbharan dligheach – tha a bhith a' conaltradh le ar luchd-ùidh agus a' cur ri mothachadh mun obair againn agus na cothroman air maoineachadh a chum leas dligheach ar luchd-ùidh, gach cuid buidhnean agus daoine fa leth. Bidh seo cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta co-cheangailte ri buidhnean a tha air Plana Gàidhlig a chruthachadh gu saor-thoileach.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Dèiligidh an sgioba as fhreagarraiche taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig ris an conaltradh agaibh.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh sholaraichean bhon taobh a-muigh airson ar siostaman IT agus gus conaltradh didseatach a stiùireadh. Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a bhios a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta às leth Bòrd na Gàidhlig, agus mar phàirt de seo, feumaidh làimhseachadh a dhèanamh taobh a-staigh na RA no Roinn Eaconamach na h-Eòrpa.

Dè tha tachairt nuair nach eil feum air mo chuid fhiosrachaidh tuilleadh?

Thèid na liostaichean conaltraidh againn a stiùireadh a rèir nan sgeidealan gleidhidh aig Bòrd na Gàidhlig.

Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh orra gu tric airson dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart agus cho ùr 's a ghabhas, agus uaireannan iarraidh sinn oirbh ur fiosrachadh a dhearbhadh.

Far a bheil sibh air iarraidh a bhith air tè de na liostaichean conaltraidh againn, dh'fhaodte gun cuir sinn fios thugaibh bho àm gu àm airson dearbhadh gu bheil sibh fhathast airson ar fiosrachadh fhaighinn, mur a h-eil sinn air cluinntinn bhuaibh airson ùine fhada.

Thèid luchd-conaltraidh a thoirt bhon liosta cho luath 's nach urrainn dhuinn an dearbhadh, no le iarrtas, sa bhad.

Airson fios: dh'fhaodadh gun tèid ur fiosrachadh agus conaltradh co-cheangailte sam bith a chumail airson adhbharan eile, mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, mar eisimpleir ma tha feum orra gus dleastanas reachdail airson Planaichean Gàidhlig a choileanadh.

Còraichean a Bharrachd

Fo Riaghailt Coitcheann Dìon Dàta na RA, tha grunn chòraichean agaibh a thaobh ur fiosrachadh pearsanta. Tha còir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fhiosrachadh phearsanta agaibh;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- iv. bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. cuir an aghaidh làimhseachadh;
- vi. so-ghiùlaineachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan co-cheangailte ri ceartachadh, dubhadh às no bacadh a chur air adhart ri faightear sam bith aig a bheil ur fiosrachadh pearsanta. Tha fiosrachadh air faightearan ri lorg anns an earrann [An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?](#)

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabhail ris na h-iarrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Ma thachras seo le iarrtas a nì sibh, thèid a mhìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an t-iarrtas agaibh a choileanadh agus dè na roghainnean a th' agaibh.

Nuair a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh le aonta, tha còir a bharrachd ann an t-aonta agaibh a thoirt air falbh uair sam bith. 'S urrainn dhuibh fhaighinn a-mach mar a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh gu laghail anns an roinn [Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?](#)

Gearanan

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh pearsanta agaibh, tha còir agaibh gearan a dhèanamh dhan Choimiseanair Fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Gheibhear am fios conaltraidh aca aig <https://ico.org.uk/>.

Fios Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Riaghladair Dàta (no Riaghladair) airson fiosrachadh pearsanta a tha air a làimhseachadh mar a chaidh a mhìneachadh san t-sanas seo. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot/>.

Ma tha ceist sam bith agaibh mun fhiosrachadh anns an t-sanas prìobhaideachd seo, cuiribh fios chun an neach a leanas sa chiad dol a-mach:

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta
Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis IV3 8NW
ofis@gaidhlig.scot
01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V2	Ùraichte agus suaicheantas ùr BnG air a chur ris	SB/CNI	20/10/2022
V2	Air ùrachadh	LT	28/10/2024